

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaile MG ALBA

Oifisean a' BhBC aig Pacific Quay

Diciadain 7/11/18, 1030-1330

Dreachd geàrr-chunntas

Bòrd:	Daibhidh Brew (sa Chathair)	Màiri Kidd
	Donaidh MacAmhlaidh	Dùghall MacAmhlaigh

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul (Àrd-Oifigear)
Niall M Greumach (Stiùiriche Ionmhais)
Nicola Pearson (Cunntasair Stiùiridh)
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd) - airson puing 9
Mairi Anna NicAonghais (a' gabhail notaichean)

Gnothaichean gnàthach

1 Leisgeulan

Cha robh gin.

2 Gnothach Dearbhte

Cha robh gin.

3 Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh: 6/9/18

Aontaichte.

4 Gnothaichean ag èirigh

4.1 Trèanadh bùird

Chaidh aontachadh seisean sònraichte (bespoke) a chuir air dòigh timcheall air coinneamh a' bhùird sa Ghearran 2019, nan gabhadh sin dèanamh, a' gabhail a-steach ùrachadh san fharsaingeachd air Onboard agus riosg. Dheigheadh coimhead ri seisean a chumail a dhèiligeadh ri nithean eile leithid GDPR, daoine òga, na meadhanan sòisealta, agus sàrachadh timcheall air coinneamhan eile tron bhliadhna. (Gníomh: MAMI).

- 4.2 Chaidh aontachadh gun deigheadh pàipear air beulaibh a' bhùird air 29/11/18 le fiosrachadh mu threànad. Gnìomh: DC
- 4.3 Trèanadh Comataidh
Thèid trèanadh CIPFA a thairgse do bhuill na Comataidh a tha a' cur feum air trèanadh. (Gnìomh: MAMI).
- 4.4 Chaidh a chomharrachadh cho cudromach 's a tha e gu bheil buill air an làn thrèanadh. Ma tha ball sam bith a' faireachdainn gu bheil laigsean/feumalachdan sònraichte aca, chaidh iarraidh orra sin innse.
- 5 Clàr Riosgan**
- 5.1 Bha pàipear agus clàr riosgan air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 5.2 Chaidh aontachadh gun deigheadh trèanadh co-cheangailte ri riosg a chumail sa Ghearran 2019 (faic puing 4.1).
- 5.3 Chaidh aithne a dhèanamh air obair na Buidhne Riosg Chorporra. Anns a' Ghearran bidh Clàr nan Riosgan ùr deiseil agus thèid a chuir fa chomhair na Comataidh. (Gnìomh: DC)
- 5.4 Thèid madainn shlàn a chumail air 29/11, ro choinneamh a' Bhùird feasgar, airson 's gum beachdaidh am Bòrd agus an Cathraiche ainmichte air co-bhanntachd BBC ALBA.
- 5.5 Sa cho-theacsa sin, chaidh còmhradh a dhèanamh air an litir a chaidh gu Stiùiriche Nàiseanan agus Roinnean a' BhBC bho Chathraiche MG ALBA ag iarraidh air a' BhBC a) na cosgaisean agus an t-uallach air fad airson seirbheisean taic na seanail a ghabhail os làimh agus b) an iomairt ionnsachaidh "Speak Gaelic" a mhaoineachadh agus c) an t-seanail a chuir air HD. Cha robhas air freagairt fhaighinn gu ruige seo agus chaidh aontachadh, ron tachartas aig Taigh Dobhair air 21/11/18, gun deigheadh cabhaig a chuir air a' chùis freagairt fhaighinn. (Gnìomh: DC)
- 5.6 Chaidh còmhradh a chumail air susbaint òraid an Àrd-Oifigeir aig Taigh Dobhair. Bha cuid a bhuill làidir den bheachd gu feumar briathran làidir a chleachdad gus an t-

suidheachadh èiginneach a chuir fa chomair na bhios an làthair. Chaidh aontachadh a) gun deigheadh an òraid a sgaoileadh air buill b) gum bi plana gnìomh deiseil airson nam meadhanan às dèidh làimh agus c) gur e gnothaichean co-cheangailte ris a' BhBC a bhiodh na phrìomh phuing aig an t-seisean ro-innleachd madainn 29/11/18. (Gníomh: DC)

6 Deuchainn Leantainneach Ghnothaich

- 6.1 Bha pàipear beulaibh bhall agus thug an t-Àrd-Oifigear iomradh air. Chaidh deuchainn neo-eisimeileach a chumail air 2/10/18, le dùbhlà aig lìre 4 (an lìre as aìrde). Bha an eòlaiche neo-eisimeileach glè thoilichte leis mar a chaidh an deuchainn agus an dòigh phroifeasanta agus èifeachdach anns an deach dèiligeadh leis an t-suidheachadh bho thaobh luchd obrach MG ALBA. Chaidh cùisean mar bu chòir agus chaidh dèiligeadh leis an t-suidheachadh ann an dòigh iomchaidh agus freagarrach.
- 6.2 Chaidh aontachadh, nuair a bhiodh an aithisg sgrìobhte ann an làmhan nan oifigearan, gun deigheadh barantas a thoirt don Chomataidh gu bheil cùisean mar bu chòir agus bheir a' Chomataidh an uair sin barantas dhan Bhùird gu robh cùisean mar bu chòir. (Gníomh: NMG)

7 Poileasaidhean HR - Poileasaidh fastaidh agus Sgeama Thuarastal

- 7.1 Bha Poileasaidh Fastaidh agus Sgeama Thuarastail, le earrannan air a chuir ris an Sgeama Thuarastal airson àrd-stiùirichean, air beulaibh bhall.
- 7.2 Chaidh na h-earrannan mu àrd-stiùirichean aontachadh.
- 7.3 Dheigheadh tionndadh às ùr a dhealbhachadh. A rèir meudachd na h-atharraichean, dheigheadh an ath thionndadh a chuir air beulaibh na Comataidh nam biodh feum no a chuir gu dìreach chun Bhùird air 29/11/18. (Gníomh: DC)

8 Sgeama Peinnsein

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh aontachadh measadh an Sgeama Peinnsein a chur air ais bliadhna ri linn nach eil cho fada bhon a chaidh an sgeama a għluasad gu companaidh ùr agus ri linn nach eil adhbharan sònraichte no èiginneach ann an-dràsta airson measadh às ùr. Thèid a chuir air clàr na Comataidh airson Samhain 2019. (Gníomh: MAMI)

9 Plana Obrachaidh 2019/20

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh a) Poileasaidh Thuarastail 2019/20; b) Plana Luchd-obrach 2019/20; c) Frèam-obrach na h-aithisg agus d) Buidseatan. Bhathas ag iarraidh air buill na Comataidh ceistean no cinn-deasbaid prionnsabalach aontachadh mus tèid am Plana Obrachaidh a mholadh chun bhùird. Chaidh deasbad a chumail.
- 9.2 San fharsaingeachd bha buill toilichte le na molaidhean agus thug iad seachad aonta air mar a bhathas a' dol an sàs ann a bhith a' sgrìobhadh a' phàipeir, gu h-àraid
- Gum bu chòir gealltanais a dèanamh sa phlana airson ùrachadh co-bhanntachd BBC ALBA.
 - A thaobh luchd-obrach, gum bu chòir àrdachadh a bhith air a cheadachadh ann am bannan-pàighidh a rèir molaidhean Riaghaltas na h-Alba agus 1% airson adhartas a cheadachadh airson cuid.
 - A thaobh luchd-obrach, gum bu chòir molaidhean a chuir air adhart airson fastadh in-taigh airson sgilean didseatach agus leantainneach obrach (succession planning)
- 9.3 Thèid am Plana Obrachaidh atharrachadh a rèir feum ri linn an là ro-innleachd a thèid a chumail madainn 29/11/18.
- 9.4 Chaidh taing a thoirt seachad airson obair nan àrd-stiùirichean.
- 9.5 Chaidh ceist a chuir am biodh e feumail coimhead ri *Activity Based Costing* mar dhòigh air a bhith a' coimhead ri buidseatan ann an dòigh diofraichte. Cha seo fhàgail aig oifigearan. (Gníomh: DC)

10 Ath-shuidheachadh bhuidseatan

- 10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh aonta na Comataidh air atharraichidhean ann am buidseatan agus buidseatan a bharrachd. Chaidh còmhradh a chumail agus chaidh na buidseatan aontachadh mar a leanas:

Atharrachadh bhuidseatan

	Bho	£	Gu	£
1	Repeats, Contingency, Rights	75k	Comedy	75k
2	Graphics, Idents, Rebrand	75k	Comedy	75k
3	Capital	80k	Comedy	80k
4	Repeats, Contingency, Rights	15k	Communications & Sponsorships	15k

Buidseatan a bharrachd

		£	+£	£
1	Capital	100k	100k	200k
2	Outreach & Training	300k	25k	325k
3	Co-productions & Time-sensitive Programmes	300k	200k	500k
4	Graphics, Idents, Rebrand	£175k	£25k	£200k

10.2 Chaidh a chomharrachadh cuideachd gu robhas a' sìreadh maoin de £50k airson càradh mullach an togalaich.

11 Aithisg Bhliadhnaill Slàinte agus Sàbhailteach 2017/18

11.1 Gach bliadhna, bidh a' Chomataidh a' beachdachadh air aithisg bhliadhnaill Slàinte is Sàbhailteachd, agus tha e na uallach reachdail gun tèid an aithisg chun a' Bhùird gus am bi am Bòrd fiosraichte agus comasach leasachaidhean iomchaidh a chur an gnìomh.

11.2 Bha an aithisg bhliadhnaill air beulaibh bhall, a' dearbhadh gu bheil am buidheann a' coileanadh an dleastanas a thaobh riaghailtean Health and Safety at Work Act 1974, a' dearbhadh gu bheil an àite-obrach sàbhailte agus gu bheil a h-uile cunnart a tha ann air a lùghdachadh mar bu chòir.

11.3 Chaidh moladh no dhà a thoirt seachad gus dèanamh cinnteach gu robhas nas ro-ghniomhach mu chuid a rudan, leithid trioblaidean beaga a bha air èirigh agus nach robh follaiseachd gus an robh gearradh-dealain ann. Dheigheadh tionndadh às ùr den aithisg an uair sin air beulaibh a' Bhùird. (Gníomh: NMG).

12 Poileasaidh Slàinte & Sàbhailteachd

12.1 Bidh poileasaidhean na buidhne gan ath-nuadhachadh gu cunbalach agus bha am Poileasaidh air beulaibh bhall airson aonta a thoirt dhan Phoileasaidh agus a mholadh chun Bhùird.

12.2 Chaidh am Poileasaidh aontachadh, air a' chumha gum biodh tiotalan obrach air an ùrachadh agus thèid an ath thionndadh air beulaibh a' bhùird air 29/11/18. (Gníomh: NMG)

13 Aithisgean Raitheil – Q2 2018/19

13.1 Dashboard - ri linn duilgheadasan teicnigeach, dheigheadh an tionndadh cheart a chuirteachadh, le iomradh air gnothaichean iomchaidh sam bith. (Gníomh: MAMI)

13.2 Pasgan Cunntasachd – chaidh seo a chomharrachadh

14 GISBE

14.1 Chaidh innse gun deach Cathraiche ùr na buidhne ainmeachadh agus aontachadh agus gum biodh fios dha sgaoileadh an ùine ghoirid le Ofcom.

14.2 Chaidh innse gu bheil Catriona Nic a' Phi a' leigeil dhith a ballrachd aig deireadh na Samhna.

14.3 Chaidh iarraidh gun deigheadh coinneamh den Chomataidh Ainmeachaidh a ghairm tràth ann an 2019. (Gníomh: MAMI)

14.4 Chaidh aontachadh pàipear a sgrìobhadh airson na h-ath choinneimh le fiosrachadh mu na cùmhnanan airson seirbheisean a bh' aig am buidheann an ceartuair a' sealltainn deiticean ùrachaidh. (Gníomh: NP)

14.5 Chaidh còmhradh prìobhaiteach a chumail eadar buill na Comataidh agus an Àrd-Oifigear. [Fios glèidhete]

15. Deit na h-ath choinneimh

15.1 Dheigheadh clàr choinneamhan 2019 air beulaibh a' bhùird air 29/11/18 airson aonta ach ann am prionnsabal, bhiodh a' Chomataidh a' coinneachadh air 6/2/19 ann an Glaschu.

15.2 Dheigheadh coinneamh bùird a ghairm air 10/1/19 gus Plana Obrachaидh 2019/20 aontachadh.

16. Planadh Leantainneach

- 16.1 A' leantainn na coinneimh foirmeil, chùm a' Chomataidh seisean prìobhaideach leis an Àrd-Oifigear.

Deit na h-ath choinneimh – 6/2/19

Ainm sgrìobhте a' Chathraiche:

Deit: